



# Ragnall Reubaire a' cumail sùbailte



An teasa Susan Akass • Dealbhan Ben Cort

# Ragnall Reubaire a' cumail sùbailte



An teacs a Susan Akass

Dealbhan Ben Cort

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



'S e reubaire a bh' ann an Ragnall.

'S e Gobag a bh' air a' phitheid aige.

Bha brù mhòr air Ragnall.



Aon là thuir Ragnall ri Gobag,  
“Tha mo bhriogais ro bheag.  
Tha mo bhrù ro mhòr.”



“Cha toil leam brù mhòr,” thuirt Ragnall.  
“Dè nì mi?”



“Cuidichidh mise thu,” thuir Gobag.  
“Dèan mar a nì mise.”



Ruith Gobag suas agus sìos.  
Ruith Ragnall suas agus sìos.



Leum Gobag suas agus sìos.

Leum Ragnall suas agus sìos.



“Tha mise airson stad a-nis,” thuirt Ragnall.

“Feumaidh tu cumail a’ dol,” thuirt Gobag.

“Cùm a’ dol.”



Ruith Ragnall suas agus sìos  
agus suas agus sìos.



Leum e suas agus sìos  
agus suas agus sìos.



“Am faod mi stad a-nis?” thuir Ragnall.  
“Faodaidh,” thuir Gobag.



“A-nis chan eil mo bhrù cho mòr,”  
thuirt Ragnall.

“Dùinidh mo bhriogais a-nis.”



“O, nach seall thu!” thuir Gobag.

“O, mo nàire!” thuir Ragnall.